

# Gnìomhachasan Cruthachail

## Ro-innleachd airson Alba Chruthachail 2016-17

### Earr-ràdh 2

---

---

# DÈ TH' ANNS NA GNÌOMHACHASAN CRUTHACHAIL?

---

---

Tha an t-earr-ràdh seo a' toirt cunntas air eachdraidh is leasachadh nan 'gnìomhachasan cruthachail' ann an Alba agus tha e a' mìneachadh nan dòighean-obrach a chaidh a chleachdadh gus taic a chumail ris agus gus a ghnìomhan a mheasadh.





ALBA | CHRUTHACHAIL

© 2016 Alba Chruthachail

Chan fhaodar pàirt sam bith den fhoillseachadh seo ath-fhoillseachadh ann am fòrmat sam bith gun chead sgrìobhte ro làimh bho Alba Chruthachail.

## Co-ionannachd chothroman

Tha poileasaidh co-ionannachd chothroman aig Alba Chruthachail. Tha slighe a-steach do dhaoine air a bheil ciorram aig na h-oifisean againn. Tha cuid de na foillseachaidhean rim faighinn ann an Gàidhlig, Scots, ann an clò-mòr agus ann an cruth claisneachd. Cuir fios thugainn air 0845 603 6000 Airson Typetalk cuir 18001 ron àireamh Airson luchd-cleachdaidh BSL, cleachd [www.contactsotland-bsl.org](http://www.contactsotland-bsl.org)

Chaidh an sgrìobhainn seo a chruthachadh ann an clò dealain le Alba Chruthachail - thoir an aire dhan Àrainneachd agus na clò-bhuail seo mur a bi cruaidh fheum agad air. Thoir an aire gu bheil sinn a' cleachdadh cheanglaichean-lìn san sgrìobhainn seo (gus ceangal ri foillseachaidhean, rannsachadh no planaichean eile) agus nach gabh iad seo a leughadh ma chlà-bhuaileas tu an sgrìobhainn seo.

Tha an t-ais-eòlas agad cudromach dhuinn. Innis dhuinn dè do bheachd air an fhoillseachadh seo le bhith cur post-d thugainn aig [feedback@albachruthachail.com](mailto:feedback@albachruthachail.com)

Tha iomadh sgrìobhainn a tha a' toirt cunntas air nàdar, meud agus structar nan gnìomhachasan cruthachail. Ann an Alba, 's e deagh àite tòiseachaidh a th' ann an Achd Leasachaidh 2010 a chaidh aontachd le Pàrlamaid na h-Alba. Chruthaich am Bile seo buidheann ùr - Alba Chruthachail agus mhinich e a rùn-ùghdarras. Anns a' Bhile, thathar a' mìneachadh nan gnìomhachasan cruthachail mar 'an fheadhainn aig a bheil tùs anns a' chruthachalachd, sgil an tàlant aig daoine fa leth. Tha iad cuideachd a' gabhail a-steach ghnìomhachasan aig a bheil comas beartas agus obraichean a chruthachadh tro bhith a' dèanamh, a' leasachadh no a' dèanamh feum de sheilbheachd innleachdail. Tha 13 gnìomhachasan eadar-dhealaichte san roinn seo: sanasachd, ailtireachd, ealain is seanndachd, ceàirdean, dealbhadh, fasan, film, bathar bog eadar-obrachail, ceòl, na h-ealain-chluiche, foillseachadh, bathair bog agus seirbheisean coimpiutair agus TBh is rèidio.'

Chaidh ceum eile a ghabhail ann a bhith a' tuigsinn na roinne ann an Alba ann an 2012 nuair a chaidh rannsachadh a choimisean Alba Chruthachail agus Iomairt na h-Alba còmhla fhoillseachadh. B' e amas an rannsachaidh seo 'dealbh iomlan agus susbainteach fhaighinn de na tha na h-Ealain is na Gnìomhachasan Cruthachail' a' cur ri eaconomaidh na h-Alba san fharsaingeachd' agus bha an aithris seo a leudaich an dòigh anns an robh an roinn ga thomhas bho 13 fo-earrainnean gu 16 fo-earrainnean ann:

B' e na prìomh atharrachaidhean a chaidh a dhèanamh gus am mìneachadh seo a dhèanamh air a' Ghnìomhachas ann an Alba: a' dealachadh agus ag ath-sheòrsachadh cuid de na gnìomhachasan gus an cur ann an roinnean-seòrsa nas fhreagarraiche; a' cur ris gnìomhachasan (no pàirtean de ghnìomhachasan) taobh a-muigh mìneachadh an DCMS<sup>1</sup> a tha gam meas mar phrìomh phàirtean de na h-Ealain is na Gnìomhachasan Cruthachail ann an Alba; a' cumail cuid de na roinnean a chaidh a thoirt a-mach leis an DCMS bho chionn goirid; agus ag atharrachadh an cuideam a tha ga thoirt dhaibh (i.e. an ceudad den ghnìomhachas a tha ga mheas mar cruthachail) airson cuid de na gnìomhachasan gus an dèanamh nas fhaisg air suidheachadh na h-Alba aig an àm seo.

Chaidh liosta ùr a chruthachadh mar thoradh air na h-atharrachaidhean a bha a' gabhail a-steach: sanasachd, ailtireachd, ealain lèirsinneach, ceàirdean, fasan is obair-aodaich, deilbh, ealain-chluiche, ceòl, togail-dheilbh, film is bhideo, geamannan coimpiutair, rèidio is telebhisean, sgrìobhadh is foillseachadh, dualchas, bathar bog is foillseachadh eileagtronaigeach, foghlam cultarail.

---

1 Roinn Cultar, Meadhanan an Spòrs aig Riaghaltas na RA

---

---

# DLEASTANASAN NAM PRÌOMH BHUIDHNEAN A THA A' CUMAIL TAIC RIS NA GNÌOMHACHASAN CRUTHACHAIL

---

---

Anns an stiùireadh aca mu chur an gnìomh Achd Ath-leasachaidh 2010, mhol Riaghaltas na h-Alba cuideachd gum bu chòir ròl fa leth ach co-phàirteach a bhith aig na diofar bhuidhnean a tha an sàs ann an taic do na gnìomhachasan cruthachail. A rèir seo:

'S e dleastanas Alba Chruthachail a bhith a' toirt seachad rannsachadh, fiosrachadh agus tagradaireachd tro na gnìomhachasan cruthachail. Stiùiridh e obair co-òrdanachaidh ann an leasachadh roinn nan gnìomhachasan cruthachail.

'S e dleastanas nam buidhnean leasachaidh a bhith a' comharrachadh agus a' leasachadh roinnean, fo-roinnean agus gnìomhachasan airson fàs, agus a bhith a' meudachadh comas eaconomach nan gnothachasan anns na gnìomhachasan cruthachail.

Cumaidh Ùghdarrasan Ionadail taic ri Gnìomhachasan Cruthachail anns an sgìre aca agus tha iad an urra ri riaghladh nam Business Gateway. Bidh e an urra ri Business Gateway a bhith a' toirt seachad comhairle air gnothachas san fharsaingeachd agus a bhith ag innse far am faighear taic is comhairle nas spèisealaiche.<sup>2</sup>

A bharrachd air seo, tha dleastanasan sònraichte aig iomadh buidheann eile a thaobh nan Gnìomhachasan Cruthachail:

'S e an dleastanas aig Leasachadh Sgìlean na h-Alba a bhith a' stiùireadh cur an gnìomh Plana Leasachaidh Sgìlean airson nan gnìomhachasan cruthachail ann an com-pàirteachas leis an roinn, le siostam solar nan sgìlean, buidhnean poblach agus prìomh luchd-ùidh eile. Tha e cuideachd a' brosnachadh agus a' cur taic ri cleachdadh nan seirbheisean is nam bathar aige le gnothachasan cruthachail.

'S e Comhairle Maoineachaidh na h-Alba a' bhuidheann ro-innleachdail nàiseanta a tha an urra ri teagasg, ionnsachadh, rannsachadh agus gnothaichean eile anns na 25 colaistean agus 19 oilthighean agus institiudan foghlam àrd-ìre (tha an dreuchd mar Stiùiriche nan Gnìomhachasan Cruthachail aig Alba Chruthachail cuideachd a' faighinn taic bho Chomhairle Maoineachaidh na h-Alba agus 's fòcas a' chom-pàirteachaidh seo a bhith a' brosnachadh rannsachadh a tha air thoiseach air rannsachadh sam bith eile san t-saoghal agus barrachd tionnsgalachd san eaconomaidh).

Thug Riaghaltas na h-Alba stiùireadh seachad cuideachd air mar a bu chòir na dàimhean eadar na buidhnean seo a stiùireadh:

Chan urrainn buidheann sam bith a dleastanas a thoirt seachad leatha fhèin agus feumaidh gach buidheann, mar phàirt den raon-ùghdarrais aice, a bhith a' co-obrachadh gu dlùth le buidhnean eile gus dèanamh cinnteach gun ionnsaich iad bho eòlas is fios càch a chèile gus am bi eadar-aghaidh èifeachdach ann agus modh-obrach a tha co-cheangailte agus gun dèanar na ceanglaichean ceart gus dèanamh cinnteach gum faigh Alba an luach as fheàrr bhon gnìomhachas chruthachail aice.<sup>3</sup>

Tha an dlùth cho-obrachadh seo ga dhèanamh tron structar Com-pàirteachas Gnìomhachasan Cruthachail na h-Alba (Scotland's Creative Industries Partnership - SCIP) air a bheil Alba Chruthachail mar chathraiche.

Tha obair ga dèanamh ann an Alba ann an co-theacs iomairtean aig ìre na RA, a tha air an stiùireadh le buidhnean leithid Comhairle nan Gnìomhachasan Cruthachail, Sasainn Chruthachail agus Caidreachas nan Gnìomhachasan Cruthachail. Aig an ìre eadar-nàiseanta, tha an t-Aonadh Eòrpach ann cuideachd, a tha a' tasgadh ann an cultar agus anns na gnìomhachasan cruthachail tro raon farsaing de phrògraman a' gabhail a-steach am prìomh phrògram chultarach aige (Eòrpa Chruthachail). Tha dleastanas ceannais aig UNESCO cuideachd ann a bhith a' ceangal cultar agus na gnìomhachasan cruthachail don t-sòisealtas chatharra agus do chlàr-ghnothaich na co-ionnannachd, agus a tha air a' chomharrachadh ann an Alba le Dùn Èideann (Litreachas), Glaschu (Ceòl) agus Dùn Dè (Deilbh).

---

# A' TOMHAS NAN GNÌOMHACHASAN CRUTHACHAIL

---

Ann a bhith a' tuigsinn mar a thathar a' tomhas nan gnìomhachasan cruthachail, feumar an ròl aig na còdaichean Seòrsachaidh Ghnìomhachais Choitcheann (Standard Industrial Classification - SIC) a thuigsinn agus na còdaichean Seòrsachaidh Dhreuchdan Choitcheann (Standard Occupational Classification - SOC) a thuigsinn a tha air an cleachdadh gus an roinn a shònrachadh. Tha còdaichean SIC gan cleachdadh gus ionadan gnìomhachas agus aonadan stadastaireachd eile sheòrsachadh a rèir dè seòrsa gnothach eaconomach anns a bheil iad an sàs<sup>4</sup>, agus tha còdaichean SOC gan cleachdadh a rèir ìre agus seòrsa nan sgìlean agus tha iad gan cleachdadh airson fiosrachadh mu dhreuchdan airson daoine a tha a' tighinn a-steach dhan mhargaid, airson maidseadh obrach le buidhnean riaghaltais agus airson a bhith cruthachadh poileasaidhean riaghaltais a thaobh na margaid obrach.<sup>5</sup> 'S e frèam aithriseach stadastaiseil a th' ann a tha a' cur an comas a bhith a' measadh dàta a thaobh luach eaconomach agus dàta sreath-tìme air cruth agus coltas na margaid air a bheillear a' dèanamh anailis. Mar as trice, tha seo air a dhèanamh tro dòigh-mheasaidh air a bheil Luach Iomlan air a Chur ris (Gross Value Added - GVA) a tha air a mhìneachadh mar an t-eadar-dhealachadh eadar mach-chur agus caitheamh eadar-mheadhanach.

Tha na dòighean-obrach a thathar a' cleachdadh gus meud agus luach nan gnìomhachasan cruthachail ann an Alba a mheasadh a-nis a' coimhead air 16 fo-earrannan le barrachd cuideam co-rèireach air a toirt do chuid de ghnìomhachasan.<sup>6</sup> Tha na figearan a gheibhear tron mhìneachadh seo air an cumail le Riaghaltas na h-Alba ann an Stòr Dàta nan Roinnean a tha a' Fàs. Tha stadastaireachd Riaghaltas na h-Alba airson Roinnean a tha a' Fàs a' toirt dhuinn deagh inneal reifreans airson a bhith a' cumail sùil air gluasadan anns an roinn agus a bhith a' tuigsinn na roinne toinnte eadar-mheasgte seo bho shealladh eaconomach.

Ach, fiù 's leis a' mhodail leasaichte seo, thathar den bheachd gu bheil an tuairmse air cuid de na fo-roinnean ro ìosal, gu sònraichte le ceàirdean, geamannan coimpiutair agus ceòl. Tha seachas a chluinnear gu tric a' comharrachadh gur dòcha gu bheil tòrr luchd-obrach aonair is luchd-obrach pròiseact thairis air na gnìomhachasan cruthachail nach eil air an clàradh anns an stadastaireachd oifigeil. Tha obair a leantainn gus tuigse nas fheàrr fhaighinn air dè a' bhuidhneach a bhios aig seo.

Bho dh'atharraich Riaghaltas na h-Alba am mìneachadh làithreach tha atharrachaidhean air a bhith anns na dòighean measaidh anns a' chòrr den RA as dèidh obair le NESTA air 'mapadh daidhneamaigeach' de na gnìomhachasan cruthachail. Dòigh-obrach a chleachd an 'dèine chruthachalachd' aig diofar dhreuchdan is gnìomhachasan gus meud agus sgèile eaconomach na roinne obrachadh a-mach.

---

4 [www.ons.gov.uk/ons/guide-method/classifications/current-standard-classifications/standard-industrial-classification/index.html](http://www.ons.gov.uk/ons/guide-method/classifications/current-standard-classifications/standard-industrial-classification/index.html)

5 [www.ons.gov.uk/ons/guide-method/classifications/current-standard-classifications/soc2010/index.html](http://www.ons.gov.uk/ons/guide-method/classifications/current-standard-classifications/soc2010/index.html)

6 [www.gov.scot/Topics/Statistics/Browse/Business/Publications/GrowthSectors](http://www.gov.scot/Topics/Statistics/Browse/Business/Publications/GrowthSectors)

Ann an 2014, ghabh an DCMS ri modh-obrach ùr airson co-dhùnadh dè na dreuchdan agus còdaichean-gnìomhachais a tha air am mìneachadh mar ‘cruthachail’, modh-obrach a tha eadar-dhealaichte ann an cuid a dhòighean bhon mhodail Albannach. Bidh an DCMS a-nis a’ cruthachadh stadastaireachd an dà chuid airson Gnìomhachasan Cruthachail (gnìomhachasan a tha dian a thaobh cruthachalachd) agus an Eaconomaidh Cruthachail anns an fharsaingeachd (a tha a’ gabhail a-steach dreuchdan aig a bheil ìre àrd de chruthachalachd taobh a-muigh nan gnìomhachasan cruthachail aithnichte).<sup>7</sup>

Ged a bhios Riaghaltas na h-Alba agus an DCMS a’ cleachdadh an aon phrìomh dàta airson an cuid staitistigs, tha na seòrsachaidhean agus modhan-obrach eadar-dhealaichte a’ ciallachadh nach eil an dàta co-choimeasail tuilleadh. Tha obair le Comataidh nan Gnothaichean Albannach aig Pàrlamaid na RA air barrachd cunbhalachd<sup>8</sup> iarraidh eadar na dòighean-obrach a tha gan cleachdadh.

San fharsaingeachd, tha e cothromach gu leòr co-dhùnadh gu bheil a’ mhòr-chuid a’ tuigsinn gu bheil cleachdaidhean gnothachais aig cridhe nan gnìomhachasan cruthachail anns a bheil cruthachalachd aig daoine fa leth air a cleachdadh gus gnìomhachd malairt choimeirsealta a chruthachadh. Tha e cudromach a thuigsinn cuideachd, ge-tà, gu bheil crìochan na roinne gu math so-thollaidh agus mar sin gu bheil eus-aonta ann uaireannan mu dè th’ anns an roinn is dè nach eil, is mu mheud is luach na roinne.

Gus taic a chumail ri leasachadh nan gnìomhachasan cruthachail, tha e cudromach saorsa a bhith ann co-dhùnaidhean fiosrach a dhèanamh nach eil daonnan air an cuingealachadh leis na seòrsachaidhean làithreach. Tha na seòrsachaidhean seo air an dèanamh gus cuideachadh le bhith a’ measadh buaidh eaconomach ach dh’fhaodte nach bi iad a cheart cho feumail nuair a thathar a’ dèanamh obair leasachaidh gus an tionnsgalachd a tha a’ cruthachadh no a’ draibheadh ghnìomhachasan cruthachail a chlàradh no a mheudachadh.

<sup>7</sup> [www.gov.uk/government/uploads/system/uploads/attachment\\_data/file/271008/Creative\\_Industries\\_Economic\\_Estimates\\_-\\_January\\_2014.pdf](http://www.gov.uk/government/uploads/system/uploads/attachment_data/file/271008/Creative_Industries_Economic_Estimates_-_January_2014.pdf)

<sup>8</sup> [www.parliament.uk/business/committees/committees-a-z/commons-select/scottish-affairs-committee/inquiries/parliament-2015/creative-industries-in-scotland](http://www.parliament.uk/business/committees/committees-a-z/commons-select/scottish-affairs-committee/inquiries/parliament-2015/creative-industries-in-scotland)

---

---

## AN CO-THEACS EADAR-NÀISEANTA

---

---

Tha e cudromach àite na h-Alba san t-saoghal a chur anns a' cho-theacs eadar-nàiseanta agus tha beagan stiùireadh aig UNESCO air seo. A rèir aithisg UNESCO air an eaconamaidh chruthachail ann an 2013:

Tha cuibhreann nas motha de stòrasan eaconomach is innleachdail a-nis ga thasgadh ann an gnìomhachasan stèidhichte air cultar, agus tha na mach-churan do-bheantainn a cheart cho 'fior' agus mòr sa tha an fheadhainn aig gnìomhachasan eile. Tha cruthachalachd is tionnsgalachd an dà chuid aig ìre an duine fa leth agus aig ìre na buidhne nam fìor draibhear an aig na gnìomhachasan seo agus tha iad a-nis nam fìor 'beartas nan nàisean' san 21mh linn. Gu neo-dhìreach, tha cultar a' fàs mar bhunait do na dòighean anns a bheil daoine sa h-uile àite a' tuigsinn an t-saoghail agus a' faicinn an àite fhèin ann, tha e daingneachadh nan còraichean daonna aca agus a' togail dàimhean torrach le daoine eile.

Gus comas na h-eaconamaidh chruthachail a choilionadh, feumar an ìre iomlan de chruthachalachd sa chomann-sòisealta àrdachadh, a' daingneachadh nam fèin-aithnichidhean aig àiteachan far a bheil e a' fàs is a' cruinneachadh, a' cur ris a' chàileachd bheatha anns na h-àiteachan seo, a' cur ris an ìomhaigh ionadail agus a' cur ris na stòrasan airson smaoinneachadh air suidheachaidhean eadar-measgte san àm ri teachd. 'S e sin ri ràdh gur e an eaconomaidh chruthachail an tobar aig 'eacnamaich chruthachalachd' ùr agus gu bheil na buannachdan aig seo tòrr nas fharsainge na na buannachdan eaconomach a-mhàin.

Tha am fòcas aig UNESCO air slighean leasachaidh ionadail fìor chudromach - gun tig leasachadh susbainteach tro obair shònraichte, air a dràibheadh leis an roinn, agus le stèidh ionadail làidir.

Tha an sealladh eadar-nàiseanta gu math iomchaidh agus sinn airson buaidh na h-Alba a mheudachadh gu h-eadar-nàiseanta agus sinn cuideachd ann an deagh shuidheachadh gus seo a chur air adhart. A bharrachd air an soirbheas eadar-nàiseanta de na gnìomhachasan ealain is sgrìn againn, tha cliù làidir aig iomadh taobh de na gnìomhachasan chruthachail agus 's ann anns an raon seo a tha cuid den obair chomhairleachaidh a rinn Tom Fleming Creative Consultancy air cothroman fàs nach beag a lorg airson Alba.



---

---

## BUN-LOIDHNE TRÌ-FHILLTE


---

---

Tha fo-roinnean sònraichte de na gnìomhachasan ann an Alba cliùiteach agus air an aithneachadh gu h-eadar-nàiseanta, a' gabhail a-steach obair bho àiteachan bailteil is dùthchail agus aig diofar sgèilean.

Thathar ag aithneachadh gu bheil an cothrom aig na gnìomhachasan seo luach nach beag a chruthachadh do roinnean gnothachais eile - agus iad ceangailte gu dìreach no gu neo-dhìreach ri turasachd, foghlam, slàinte agus biadh - agus gu tric tha eitic sòisealta làidir aca a tha a' toirt buaidh orra, coltach ris a' bheachd aig UNESCO a chithear gu h-àrd. Tha a' bheusalachd seo a' comharrachadh seòrsa roinne ùr aig a bheil eag-eòlas de mhion-ghnìomhachasan a tha sùbailte agus a tha a' tuigsinn maith na coimhearsnachd cho math ri gnìomhachas, agus bun-loidhne trì-fillte aig tòrr aca - luach eaconomach, sòisealta agus cultarach.

“Cha b' ann gus an do thòisich mi air obrachadh ann an gnìomhachas a dh'fhosgail mi mo shùilean don phròiseas a bhith a' cur ri chèile beachd-smaoin agus a bhith ga thoirt dhan mhargaid.... Tha meas agam air an luchd-deilbh a tha air na companaidhean aca a thogail bho thoiseach gu math beag agus a tha air cumail ris an fhìreantachd agus beusan cruthachail aca”<sup>9</sup>



ALBA | CHRUTHACHAIL


Chaidh an t-earr-ràdh seo a sgrìobhadh mar taic dhan Ro-innleachd aig Alba Chruthachail do na Gníomhachasan Cruthachail 2016-17. Tha an Ro-innleachd agus gach earr-ràdh is goireas a tha cumail taic rithe rim faighinn aig [www.creativescotland.com/creativeindustries](http://www.creativescotland.com/creativeindustries)

Geata Waverley  
2-4 Plàs Bhatairliù  
Dùn Èideann EH1 3EG  
Alba RA

An Taigh-solais  
Caolshraid Mitchell  
Glaschu G1 3NU  
Alba RA

Ionad-fàilte +44 (0) 330 333 2000  
Fios +44 (0) 845 603 6000  
[enquiries@albachruthachail.com](mailto:enquiries@albachruthachail.com)

**[www.albachruthachail.com](http://www.albachruthachail.com)**

 @creativescots

An Cèitean 2016